1, Corintianach 3__.

"Bunait eile chan urrainn duine sam bith a leagadh, ach am bunait a leagadh cheana — eadhon, Iosa Criosd".

O'n latha sgrìobh Pòl na briathran sin nach ioma ionnsaidh a thug daoine air 'na bha cearr a chuir ceart a réir am beachd is ann dòigh fhéin.

Bith failliann àraidh an duine, anns gach linn, a bhith dèin bheachd, gun nafchadh aige fhéin air an t-saoghal a riaghladh mar a thrograadh e — gun fheum air cobhair o Thighearna sam bith. B'e a mhiann còir-ughdarrais Dhè ghabhail dha fhéin.

Agus nach ioma fear deas-bhriathrach a tha gu trang air an là an diugh, a sònrachadh dhuinn, gu dana, dalma, dearbhta, an dòigh air aitreamh beatha thearuinte

'thogail don chinne-daonna?
Ach 'nam robh e 'nar comas sin a dhèanamh, ar leam, gu fhada o na bu chòir gach dragh is dèuchainn a bhith air am fuadach as an rathad.

Chan 'eil an ùine glè fhada 'o 'na bha mòran, gu laidir, deir bharail, a rèir mar a bha gnothaichean a dol air aghaidh, nach ruighte leas ìomagain a bhith oirnn. Bha sìth agus urras an t-saoghail ri bhith againn air thaod ann an ùine-ghearr.

Is mòr, gun teagamh, an t-adhartas a rinneadh 'san leth-cheud bliadhna a chaidh seachad, ann a bhith meudachadh goireas agus goireasan dhaoine.

A nis ged a tha adhartas aimsireil, riatanach agus nàdurra do rùn an duine, chan 'eil e 'na bharantas air deagh-nàbachd àrach eadar 'nam

slòigh.

Agus a chionn nach 'eil thiondaidh da chogadh oillaidhe, nior laffa, cha mhor, an saoghal bun-os-cionn oirnn uile gu leir.

Ach a dh'aindeoin an troimhe-cheile a rinn àramach is naimdeas an da chogaidh sin, am measg dhaoine, — gheibhear na h-uibhir nach do dh'atharrich fhathast am beachd a thaobh am foghaintachd an ceann gach gnothaich.

Aon ni cinnteach. chan 'eil innleachd, ann an cuimse dhaoine, leis am fighear tarod laidir gu leoir a sheasas tarruing an t-saoghail as eugmhais na duail spioradail

Cha bhiodh e freagarrach do dhaoine tuigseach tighinn gu co-dhunadh gun do ghabh Dia o's laimh buintainn gun adhbhar, ri cor-uireasbhach an duine-

Gu de eile ach an fhìor-éigeannas a thug air Mac Dhé éideadh a mhòrachd a chuir dheth, agus cruth seirbhisich a ghabhail air féin?

Cha robh daoine riamh roimhe ann an seilbh air a leithid de dh'eòlas is de chomas is a tha féin spuig air an uair seo: ach, air a shon sin, tha gnothaichean glé chairreadach thall 's a bhos.

Dh'aindeoin mòrchuis is uaill, tha e toirt dùbhlan dhuinn an saoghal a lainnseachadh air mhodh tòiniseil.

Ach ma thainig air Dia 'Mhac a thoirt suas air ar son, a 'bheil iòghnadh oirnn, ma thatar a deanamh dimeas air a rùn, guim biodh gnothaichean oirnn a dol cas-mu-sheach, mar a tha iad?

Thainig Crìosd, chan ann a dhìteadh, ach a theàrnadh, agus cha

do chuir a h-aon eile an luach na am
meas ceudna 's a chuir e air beatha
an duine. Ach thuirt e, gu soillei-
nach ann le aran a mhàin a bheathaichear
e; oir bithidh a bheachd-san air gach ni, beachd
Dhé. Mar sin bu ni muladach na
'shealladh suidheachadh an duine,
ma bha e 'na fhogarrach aineolach-
gun iarraidh gun tuigse, air an
dearbh ni 'bha dhith air-saorsa as
slàinte anama.

Theagaimh gum bu thoil le
cuid facal a bhith aca fhéin ann an
cumhnant na saorsa, agus innse
do Dhia fàr am freagradh athleasachadh
orra-san. Chan 'eil Dia ann an eisimeil
comhairle pheacaich, agus cha bhiodh
e iomchuidh dha 'bhith géilleadh
do fhéinealachd cuid aca.
A réir a rùin shìorruidh, chuir e Mhac

uaith chum gum bitheamaid beò tròdsan. Cha b'urrainn dha an corr a dheanamh, agus cha deanadh na bu lugha an gnothach.
"Bunait eile, chan urrainn neach sam bith a leagadh, ach am bunait a leagadh cheana, eadhon, Ìosa Crìosd".
Is amaideachd, ann an sealladh Dhè, upraid is othail nam feadhnach a tha feuchainn ris an t-saoghal a cheannsachadh, a rèir am miann fhèin, is chan idir a rèir òrdugh Dhè.
Is faoin, mar an ceudna, na shealladh cabhag an duine aig nach eil toil na inntinn chum uidh a ghabhail ach anns na chì is a laimhsicheas e.
Gnothach bochd a bhith faicinn dhaoine a caitheamh an neart le bhith ràcadh na talmhainn, gun

smuain air ni as airde.

Nochd Críosd, le 'bheatha fhéin-maise is eireachdas na beatha 'tha stéidhichte air Dia, agus, mar sin, cho beag loinn is a dh'fhaodas a bhith air neach sam bith aig nach 'eil suim da reachd.

"Bith deagh thoil an Athar gun coimhlicheadh gach uile-iomlanachd annsan, agus gum biodh na h-uile air an deanamh réidh ris fhéin tridsan air dha sìth a dheanamh tre fhuil a chroinn-cheusaidh."

Is ann bho Dhia tha furtachd agus dòchas an t-saoghail, gu saor, ri 'm faotainn.

Agus rinneadh cheana leis gach ullachadh freagarrach chum peacaich fhìreanacha na'

lathai, le gràdh Athaireil.

Tha sìth an t-saoghail, an crochadh - chan ann air gliocas ~~dhaoine~~, ach air gràdh neo-chaochlaideach Dhé: — an gràdh sin a dhearbh e dhuinn, tre fhulangas a Mhic. ~~air ar sgàth~~.

Bha na laithean anns an robh Criosd 's an fheòil iomlaideach is anshocrach, gidheadh, cha do shònraich e riaghailt ach riaghailt an t-Soisgeil mar mheadhoin leasachaidh.

Shamhlaich e, a mheud 'sa ghabh ri fhocal, agus a rinn da réir, ri daoine glic a thog an tighean air a charraig. Ach iadsan nach tug éisdeachd dha, mheas e iad mar dhaoine a bha togail air a ghainmheich.

Tha mùthadh mòr eadar an da sheorsa dhaoine, an sealladh 's an tuigse, ach 's e Chriosd a tha deanamh an sgaraidh.

eatorra. Agus is e an Tì cheudna, an dé, an diugh, agus gu sìorruidh.

An ann air carraig, neo air gaineimh — an ann air bunait Dhé, neo air bunait neo-stéidheil an t-saoghail a tha sinne a suidheachadh is a togail ar beatha?

Is e rùn gach deagh chlachair a bhith cinnteach 'san stéidhe: oir mur a 'eil i seasmhach cha bhith an aitreabh sabhailte.

Is amaideas le Dia gliocas an t-saoghail; agus mar chruthaich e an duine chum sìth is riarachadh spioraid fhaotainn na cho-chomunn fhéin, is gnothach dìomhain e a bhith sireadh sàsachadh beatha air dhòigh sam bith eile.

N'an robh na h-uile 'toirt fainear giorrad na h-aonta 'gheibhear air thalamh, ann an coimeas ri sìorruidheachd, bhiodh gach neach deònach sìth Dhé

a mhealtuinn.

Oir a dh'aindeoin cho beag suim is a dh' fhaodas a bhith aig cuid de nithean spioradail, chan 'eil a h-aon nach 'eil ag altrum dòchas air choreigin a thaobh buanas beatha.

A nis a mach 's Iosa Crìosd gu de an barantas a tha againn airson beatha-shìorruidh? Thug esan "beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solus", ag radh, "théid neamh agus talamh thairis, ach cha téid mo bhriathransa thairis".

Mar a thubhairt Peadair - "A Thighearn co dh' ionnsaidh a théid sinn: agadsa tha briathran na beatha mhaireannaich."

Is e Crìosd, uime sin, fear ar gnothaich airson ar cuir ceart a thaobh na beatha 'tha lathair is ri teachd. Tha e toileach agus deònach beatha gach neach a shuidheachadh air

stéidh bhuain nach gluais siantan
an uile.
"An tí aig am bheil am Mac, tha beatha
aige".
Ce b'e atharrachadh a dh'fhaodas tighinn
air gnè-beatha dhaoine 'san aimsir ri'
teachd, chan 'eil is cha bhith, atharrachadh
na 'athleasachadh a dhìth air Soisgeul
Chrìosd. "Oir is e cumhachd Dhè e chum
slàinte do gach a chreideas"
Chan 'eil saoibhreas gràis Dhè, a
tha pailt is an asgaidh dhaibh-san a
chreideas, a feitheamh na am feum
air ùr-smuain na air ùr-chomhairle, air
dhòigh air bith. Ach mar a thachair,
anns gach linn, tha mòran caoin-
shuarach mu dheidhinn.
Bìodh sin mar a dh'fhaodas,
chan 'eil slàinte ann an neach air
bith eile - ach ann an Iosa Crìosd.

13:- aimm

"Oir chan 'eil, ainm air bith eile fo neamh, air a thabhairt am measg dhaoine, tre am faod sinn a bhith air ar tearnadh."

Riochdaich am Mac an t-Athair, a chuir a sheula ris gach ni a labhair agus a rinn e, agus a thug ardaich e mar uachdaran is mar bhreitheamh air gach ni a bhuineas do chranchur dhaoine. "Oir bith deagh-thoil an Athar gun comhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan" "As a lànachd fhuaras sinn uile." "A nis do'n Righ shiorruidh, neo-thruaillidh, neo-fhaicsinneach, do Dhia a tha mhàin glic, gu robh urram agus glòir, gu saoghal nan saoghal."